



National
Qualifications
2021 ASSESSMENT RESOURCE

X832/77/12

**Gàidhlig
Litreachas**

Gàidhlig
Literature

Àrd-Ìre Adhartach

Ùine — 1 uair

Comharran gu lèir — 20

LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 7 1 2 *

LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. Le bhith a' beachdachadh air aon phìos bàrdachd seall mar a chuir eòlas-beatha a' bhàird ri soirbheas a' phìos.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: suidheachadh, cuspair, teachdaireachd, sealladh, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, structar, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. Tagh dà phìos bàrdachd anns a bheil am bàrd/na bàird a' cur theachdaireachdan làidir an cèill. Seall mar a dh'èirich na teachdaireachdan seo às a' bhàrdachd agus mar a chleachd am bàrd/na bàird sgilean sgrìobhaidh airson an cur fad chomhair.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: amas, adhbhar, cuspair, suidheachadh, sealladh, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, structar, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. 'Tha an nobhail a' toirt chothroman air leth don sgrìobhadair togail air iomadh cuspair inntinneach.'

Tagh nobhail anns an deach diofar chuspairean a sgrùdadh. Dèan measadh air cho soirbheachail 's a bha an t-ùghdar ann a bhith a' sgrùdadh nan cuspairean.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractaran, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd, taghadh-facail, teachdaireachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. Tagh sgeulachd ghoirid anns an do chleachd an sgrìobhadair diofar sgilean sgrìobhaidh gus stòiridh brìoghmhor a chruthachadh. Seall gu mionaideach mar a chaidh aige/aice air seo a dhèanamh.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd, ìoranas, structar . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. Tagh dà sgeulachd ghoirid anns a bheil atharrachadh ann an caractar(an) cudromach a thaobh plota agus cuspair. Seall mar a tha atharrachadh a' toirt buaidh air na sgeulachdan agus beachdaich air dè an ìre dha bheil na sgeulachdan soirbheachail.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, structar, puing-tionndaidh, àirde, ìomhaigheachd . . .

20

Dràma

6. 'Bidh dràma shoirbheachail a' tarraing an neach-coimhead a-steach ann an iomadh dòigh.'

Tagh dealbh-chluich no prògram dràma no film mu bheil seo fìor agus seall nad bheachd, mar a bha seo air a dhèanamh gu h-èifeachdach.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, cuspair, teachdaireachd, prìomh sheallaidhean, àirde, cleasachd, labhairt, taghadh-facail, caractar no mar a chaidh innleachdan-film/na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaim, solais . . .)

20

Rosg Neo-fhicsean

7. 'Chan eil càil nas fheàrr na deagh sgeulachd a tha cuideachd fìor.'

Seall mar a thug leabhar neo-fhicsean buaidh ort anns an dòigh seo.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: fiosrachadh, beachdan, sealladh, suidheachadh, stoidhle, cànan, tònna, sgilean-teicnigeach . . .

20

Diofar theacsaichean

8. Dèan coimeas eadar mar a tha dà ghnè litreachais (mar eisimpleir, sgeulachd ghoirid agus bàrdachd) air tuigse nas fheàrr a thoirt dhut air cuspair no tachartas sònraichte.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractaran, suidheachadh, sgilean-teicnigeach, teachdaireachd . . .

20

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO